

## Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis air Diardaoin,  
28 Màrt 2024 aig 10.30m.

### An làthair:

Mgr R Bremner

Mgr I MacIlleDhuinn

A' Bh-uas I Chaimbeul

Mgr I Grafton

Mgr P Logue

Mgr U MacAoidh

Mgr C Rothach

Mgr P Oldham (ball-ionaid)

A' Bh-uas M NicPheadrais

### A' frithealadh na coinneimh:

Mgr P Nevin, Àrd-Oifigear Gnìomhach Eadar-amail, Coileanadh agus Riaghlachas

A' Bh-uas C Macklin, Ceannard Foghlaim, Ionnsachadh Fhad-bheatha & Sheirbheisean Gàidhlig

A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas M A NicLeòid Mitchell, Oifigear Leasachaidh na Gàidhlig

A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig

Mgr R MacAoidh, Oifigear Leasachaidh, Foghlam agus Ionnsachadh

A' Bh-uas S NicIllinnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach

A' Bh-uas G Nic a' Phearsain, Oifigear Comataidh

### Cuideachd an làthair:

Mgr S Thoumire, Hands Up for Trad

**Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnaidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.**

## Mgr C Rothach anns a' Chathair

### Gnothach

#### 1. Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan

Ghabhadh leisgeulan às leth na M-uas S Fanet, Mhgr D Mhic a' Mhuilleir, Mhgr S MhicGillebhrath, na M-uas M Nolan agus Mhgr R Stiùbhairt.

#### 2. Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd

Cha robh Foillseachaidhean Com-pàirt sam bith ann.

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dha na h-Aithrisean Follaiseachd a leanas:-

Nì 3 – Mgr R Bremner agus Mgr C Rothach

### **Taisbeanadh – Naidheachdan Matha**

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do thaisbeanadh de Naidheachd Mhath a' Mhàirt 2024/25 le Mgr R MacAoidh agus thug an Cathraiche seachad na naidheachdan matha a leanas:-

- chaidh taing a thoirt do na sgoiltean a ghabh pàirt ann an Seachdain na Gàidhlig. Cuideachd, bha iomadh tachartas coimhearsnachd is teaghlach air gabhail àite, a bharrachd air cèilidhean agus ionnsachadh clasa;
- bha 37% de dh'fharpaisich FilmG na bliadhna sa às a' Ghàidhealtachd, an àireamh as motha bho sgìre Chomhairle sam bith ann an Alba. Bha seo a' sealltainn dealas agus taic luchd-obrach sgoile agus cruthachas, misneachd is comas nan daoine òga;
- bha an Cultarlann air na h-iuchraichean fhaighinn o chionn ghoirid airson an togalaich aca ann an Inbhir Nis;
- bha Na Trads a' tighinn a dh'Inbhir Nis, mar a dheigheadh a mhìneachadh san taisbeanadh. Bha Riaghaltas na h-Alba air £6,000 a thoirt do Chomhairle na Gàidhealtachd airson seo a thoirt air adhart;
- bha Christopher Miller-Craig, Ceannard Àrd-Sgoil Àird nam Murchan, air a dhreuchd a leigeil dheth. Chuir a' Chomataidh an deagh dhùrachdan thuige, ag aithneachadh mar a bha e air a' Ghàidhlig a thoirt air adhart anns a' churraicealam agus a' bhuaidh a bha air a bhith aig a' cheannardas aige a thaobh cànan is cultar san sgìre; agus
- chaidh meal-an-naidheachd a chur air oileanaich Shabhal Mòr Ostaig a bha air bursaraidh Chomhairle na Gàidhealtachd fhaighinn gus taic a chur rin cuid sgoilearachd.

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dha na Naidheachdan Matha.

### **3. Taisbeanadh – Hands Up for Trad, Duaisean Ceòl Traidiseanta na h-Alba**

**Aithrisean Follaiseachd: dh'fhoillsich Mgr R Bremner agus Mgr C Rothach ceanglaichean a thaobh an nì seo, seach gun robh an dithis air an ainmeachadh roimhe aig Na Trads ach, às dèidh dhaibh an deuchainn a chur an gnìomh, cho-dhùin iad nach robh com-pàirt aca ri fhoillseachadh.**

Thug Mgr S Thoumire, Stiùiriche Cruthachail Hands up for Trad, seachad taisbeanadh.

Thug Mgr Thoumire seachad cunntas mu shoirbheachas nan Duaisean Traidiseanta, agus dh'innis e dhan Chomataidh gun robh Hands Up for Trad air com-pàirt a ghabhail ann an iomadh pròiseact a' buntainn ri Gàidhlig agus Albais. Am-bliadhna, bhiodh iad ag obair còmhla ri Luchd-ciùil Òga High Life na Gàidhealtachd agus chaidh innse gun robh Na Trads air buannachadh

bho luchd-èisteachd eadar-nàiseanta bhon thòisich an com-pàirteachas aca le BBC Alba ann an 2008, a' cuideachadh gus ceòl traidiseanta agus cultar Gàidhlig na h-Alba a chur air adhart am measg luchd-èisteachd air feadh an t-saoghail.

Chaidh innse gun deigheadh Seachdain na Gàidhlig a chumail bho 24 Gearran gu 2 Màrt 2025, agus gun deigheadh Duaisean Ceòl Traidiseanta MG Alba a chumail ann an Inbhir Nis air 30 Samhain 2024. Bhathar an dòchas gum biodh buannachdan mòra an lùib an tachartais do dh'Inbhir Nis agus do na sgìrean mun cuairt.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingean a leanas:-

- chaidh aithneachadh gun toireadh an tachartas seachad cothrom air leth gus cultar na Gàidhealtachd agus ceòl traidiseanta a thaisbeanadh ann an àite a bha ainmeil is aithnichte air feadh an t-saoghail. Bhathar air Albais agus Gàidhlig a thoirt am follais aig Na Trads bhon thòisich iad agus chaidh taing a thoirt do Mgr Thoumire airson Na Trads a stiùireadh air an t-slighe sin;
- mar fheagairt do cheist, chuala Buill gun robh fada a bharrachd an lùib an tachartais na an oidhche fhèin agus gun robh e cudromach buill a' phobail a chom-pàirteachadh bho na h-ìrean tràtha, agus bha seo a' gabhail a-steach a bhith a' taghadh an luchd-ealain a bha air an ainmeachadh airson duaisean;
- bhathar dhen bheachd gun robh tachartasan mar Na Trads cudromach agus bhathar an dòchas gum biodh coimhearsnachdan air feadh na Gàidhealtachd air an com-pàirteachadh san àm ri teachd;
- chaidh faighneachd co-dhiù a bha Hands Up for Trad air ceangal a chumail suas le luchd-ciùil bho chaidh a chur air bhonn agus chaidh innse gun robh, agus gun robh mòran dhiubh air soirbheachadh ann an grunn dhòighean;
- bhathar an dùil gur e àm air leth freagarrach a bh' ann airson an tachartais, seach gun robh an t-Samhain na bu shàmhaiche a thaobh turasachd; agus
- bha Hands Up for Trad air iarrtas a chur a-steach gu Maoin Math Coitcheann Inbhir Nis airson tabhartas de £16,220 airson cosgaisean an tachartais a chòmhdach, agus bhathar an dòchas gun coimheadadh Buill iomchaidh air an iarrtas ann an dòigh fhàbharach.

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan taisbeanadh.

#### 4. Coileanadh mu Choinneimh Plana na Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/1/24 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, thog na Buill na puingean a leanas:-

- chaidh cur an cuimhne nam Ball gun robhar ag iarraidh orra suirbhidh a lìonadh, a bha air a sgaoileadh ron choinneimh, agus a bha a' meòrachadh air an cuid eòlais fhèin air a' Ghàidhlig, Comataidh na Gàidhlig, cothroman gus a' Ghàidhlig ionnsachadh agus mar a bha a' Ghàidhlig ag obrachadh thar na Comhairle;
- chaidh taing a thoirt do dh'oifigearan airson an cuid obrach chruaidh a bha follaiseach tron àireimh àrd sa cheud de ghnìomhan a bha air an

crìochnachadh no a bha air targaid san aithisg mhion-sgrùdaidh. Chaidh iarraidh air oifigearan targaidean san àm ri teachd amas cho àrd 's a b' urrainnear a thaobh a bhith a' coileanadh Plana na Gàidhlig;

- bhiodh an t-Àrd-sgioba Stiùiridh a' dèanamh luachadh air cosgaisean coimhearsnachd seach gun robh prìsean màil airson chleasan taobh a-muigh uairean àbhaisteach air a bhith gu math àrd;
- chaidh cunntas às ùr a shireadh, agus a thoirt seachad, a thaobh solar foghlam Gàidhlig do dh'ìnbhich ann an Loch Abar agus mu dhuilgheadasan sam bith a thaobh feachd-obrach sgoile. Chaidh innse do Bhuill mu na dreuchdan oidean Gàidhlig a bhathar a' sanasachd an-dràsta. Chaidh aithneachadh gun robh duilgheadasan ann ach seach gun robh am Mòd a' tighinn a Loch Abar an-ath-bhliadhna, bhathar an dùil gun toireadh seo spionnadh agus follaiseachd dhan chànan;
- bhathar a' faireachdainn gum faodadh foghlam Gàidhlig agus cleachdadh a' chànain a bhith air an toirt am follais barrachd agus air an dèanamh nas follaisiche ann an togalaichean na Comhairle, agus gum biodh fàilte air seiseanan ionnsachaidh aghaidh ri aghaidh a bharrachd air na seiseanan air-loidhne;
- bhathar ag aithneachadh gun robh feum air maoinachadh is goireasan gus cothroman a chruthachadh air feadh na Gàidhealtachd, ach bhathar an dòchas gun toireadh seo cothroman tighinn còmhla, a' cleachdadh na Gàidhlig mar chànan nàdarra làitheil; agus
- bha a' Chomataidh taingeil airson taic nan com-pàirtichean is an luchd-ùidhe ann a bhith a' dèiligeadh ris na dùbhlain seo.

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg.

## 5. Fèis Bhlas, Fèisean nan Gàidheal

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/02/24 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Chaidh fiosrachadh a shireadh, agus a thoirt seachad, mun dàta ann an earrann 6 dhen aithisg, agus chaidh faighneachd ciamar a bha na h-àireamhan sa cheud de riarachas luchd-èisteachd air an tomhas, agus co-dhiù a bha fios air àireamhan luchd-èisteachd air-loidhne.

Chaidh iarraidh air oifigearan sùimean àireamhan a chur ann an aithisgean san àm ri teachd, airson taic a chur ris na h-àireamhan sa cheud.

A thaobh maoinachadh, chaidh faighneachd ciamar a bha dùil aig Fèis Bhlas agus Fèisean nan Gàidheal fàs nas coimeirsealta.

**THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do shoirbheachas Fèis Bhlas 2023.

## 6. Cunntas às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/03/24 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeon a leanas a thogail:-

- bha Buill toilichte cluinntinn gun deach Buidheann-cluiche Gàidhlig Mathain Bheaga, ann an Inbhir Pheofharain, a stèidheachadh gu soirbheachail agus bhathar an dòchas gun tigeadh àrdachadh air an àireamh chloinne a bha ga fhrithealadh. Chaidh aithne a thoirt dhaibhsan a bha air a bhith an lùib Cròileagan Inbhir Pheofharain thairis air na 30 bliadhna a chaidh seachad agus thug Buill taing do phàrantan, oifigearan agus saor-thoilich airson na rinn iad;
- bha a' Ghàidhealtachd fhathast air thoiseach a thaobh àireamhan agus tabhartas a rèir gach pearsa a dh'aindeoin nan dùbhlann cruinne-eòlasach. Am measg nan dùbhlann leantainneach bha fastadh is gleidheadh luchd-teagaisg le Gàidhlig, a bharrachd air àireamhan luchd-teagaisg san fharsaingeachd;
- chaidh iarraidh gun deigheadh meòrachadh air seasmhachd a' phrògraim Ghàidhlig. Bhiodh dùbhlain a' fàs mar a bhiodh àireamh na cloinne a' fàs, a bharrachd air gluasad agus fàs an t-sluaigh. Bu chòir do luchd-obrach taobh a-staigh a' phrògraim Ghàidhlig a bhith a' faireachdainn gun robh taic aca agus bu chòir dhaibh a bhith misneachail nach robh na chuir iad na lùib thar nam bliadhnaichean gu bhith air a chall;
- a thaobh na taic a bha a dhìth, bu chòir meòrachadh air maoinachadh bho Riaghaltas na h-Alba; agus
- a thaobh ùr-ghnàthachadh, chaidh moladh gum faodadh teagasg sa Ghàidhlig a bhith air a chraoladh aig an aon àm 's a bhathar ga thoirt seachad aghaidh ri aghaidh agus chaidh dearbhadh gun robhar a' leasachadh seo.

#### **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- do na prìomh theachdaireachdan bho Sgrùdadh So-dhèantachd Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) 3–18 airson Inbhir Nis;
- dhan àrdachadh ann an àireamhan sgoilearan Gàidhlig air feadh na Gàidhealtachd; agus
- do na h-ath cheumannan mar a bha air an toirt seachad ann am paragraf 4.7.

## **7. Plana na Gàidhlig – Measadh Bhòrd na Gàidhlig**

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/04/23 leis an Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas.

Chaidh fiosrachadh iarraidh, agus fhaotainn, a thaobh nan ceumannan às dèidh Plana na Gàidhlig 4 (PnG 4) agus chaidh dearbhadh gum biodh PnG 4, a chaidh aontachadh an-uiridh, stèidhichte airson nan còig bliadhna air thoiseach.

Chaidh innse gun robh solar ann am Bile nan Cànan Albannach airson Ro-innleachd Nàiseanta Gàidhlig. Cha robh e soilleir fhathast dè an coltas a bhiodh air seo ach bhathar an dùil gur e modail ro-innleachdail a bhiodh ann.

Às dèidh sin **DH'AONTAICH** a' Chomataidh:-

- gun deigheadh **AONTA** a thoirt dhan cho-dhùnadh a ghabh an t-Àrd-Oifigear agus an t-Àrd-Oifigear Ghnìomhach Eadar-amail airson Coileanadh agus Riaghlachas, ann an co-chomhairle le Cathraiche

- agus Iar-Chathraiche Chomataidh na Gàidhlig, gabhail ris na h-atharrachaidhean dhan Phlana Ghàidhlig a bha air am moladh le Bòrd na Gàidhlig taobh a-staigh an raoin-ama riataanaich; agus
- ii. gun deigheadh am Plana Ghàidhlig ùraichte a chur a-steach, gun a bhith nas anmoiche na an ceann-latha dhen 9 Giblean 2024.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 12.25 f.